



Pàtranan agus dàimhean

| Teirmean | Eisimpleirean | Mìneachaidhean |
|----------------|---|---|
| Ciùbaichte | <p>Ciùbaichte</p>  <p>3 ciùbaichte no $3^3 = 3 \times 3 \times 3 = 27$</p> | <p>Ag iomadachadh àireamh 3 tursan me is e 4 ciùbaichte $4 \times 4 \times 4 = 64$.</p> <p>Is e 3 an soidhne ciùbaichte</p> <p>Mar eisimpleir, $5^3 = 5 \times 5 \times 5 = 125$</p> |
| Freumh ciùbach | <p>Is e seo an samhla a tha a' ciallachadh 'freumh ciùbach'</p> $\sqrt[3]{27} = 3$ | <p>Is e lorg am freumh ciùbach am pròiseas mùiteach do chiùbadh àireamh,</p> <p><i>me. is e 3 ciùbaichte $3 \times 3 \times 3 = 27$ mar sin 's e 3 am freumh ciùbach aig 27.</i></p> |

Pàtranan agus dàimhean

| | | |
|---|--|---|
| <p>Co-aontaran de loidhnichean dìreach</p> |  <p> $y = mx + c$ <i>far a bheil</i> $m = \text{caisead}$ $c = \text{eadar-cheap-y}$ </p> | <p>Is e $y = mx + c$ aon chruth de cho-aontar na loidhne dhìrich.</p> <p>Ann an graf, tha 'm' a' riochdachadh a' chaiseid agus tha 'c' a' riochdachadh na puing far a bheil an loidhne a' stad aig axis-y (stad-y).</p> <p>Is e cùisean speisealta de $y = mx + c$ a th' ann an loidhnichean còmhnaid is dìreach.</p> |
| <p><u>Òrdugh Fibonacci</u></p> | | <p>Air a lorg le bhith a' cur an dà àireamh roimhe còmhla.</p> <p>me 0, 1, 1, 2, 3, 5, 8, 13, 21, 34...</p> <p>Lorgar 2 le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe. (1+1)</p> <p>Lorgar 5 le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe. (2+3)</p> <p>Lorgar 8 le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe. (3+5)</p> <p>Lorgar 13 le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe. (8+5)</p> <p>Lorgar 21 le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe. (8+13)</p> <p>Is e 55 (21+34) an ath àireamh san òrdugh gu h-àrd.</p> |

Pàtranan agus dàimhean

| | | |
|---------|--|--|
| | | <p>Tha mòran raointean de nàdar far an lorgar òrdugh Fibonacci agus am measg cuid de na raointean sin tha flùr-bhileagan, planntrais, measan, an t-aodann daonna, an làmh dhaonna agus beathaichean (coineanaich)</p> <p>Chuir Leonardo Bonacci, aithnicte mar Fibonacci, an t-òrdugh air bhonn agus bha e air ainmeachadh às a dhèidh.</p> |
| Foirmle | | <p>Dàimh matamataigeach no riaghailt air a lìbhrigeadh ann an samhlaidhean <i>me is e V = l x b x h an fhoirmle airson tomhas-lionaidh bogsa.</i></p> |
| Caisead | <p>$y = mx + c$ far a bheil $m = \text{caisead}$ $c = \text{eadar-cheap-y}$</p> | <p>An reat aig a bheil àirde dhìreach ag atharrachadh le spès don astar chòmhndard a chaidh a chòmhdach.</p> <p>Tha caisead dearbhte aig loidhne dhìreach a tha ag èirigh bho chlì gu deas agus tha caisead àicheil aig loidhne dhìreach a tha a' tuiteam bho chlì gu deas.</p> <p>Airson caisead loidhne dhìreach a lorg:</p> <ul style="list-style-type: none"> • tagh dà phuing sam bith air an loidhne • tarraing triantan ceart-cheàrnach leis an loidhne mar an hypotenuse • cleachd an sgèile air gach axis airson fad direach, fad còmhndard an triantain a lorg • obraich a-mach an fhad dhìreach \div fad còmhndard. <p>Is e caisead na loidhne an toradh.</p> <p>Faodaidh caiseadan an clàradh gu h-àireamhach mar bhloigh, bloigh deicheadh no ceudad.</p> <p><i>me. anns a' ghráf luaths-astar, tha an caisead a' riochdachadh luaths ni thairis air astar.</i></p> |

Pàtranan agus dàimhean

| <p>Riochdachaidhean grafaigeach</p> | <table border="1"> <thead> <tr> <th>Day</th> <th>Aireamh eòin</th> </tr> </thead> <tbody> <tr><td>Dìluain</td><td>5</td></tr> <tr><td>Dimàirt</td><td>6</td></tr> <tr><td>Diciadain</td><td>14</td></tr> <tr><td>Diardaoin</td><td>4</td></tr> <tr><td>Dihaoine</td><td>1</td></tr> <tr><td>Disathairne</td><td>11</td></tr> <tr><td>Didòmhnaich</td><td>6</td></tr> </tbody> </table> | Day | Aireamh eòin | Dìluain | 5 | Dimàirt | 6 | Diciadain | 14 | Diardaoin | 4 | Dihaoine | 1 | Disathairne | 11 | Didòmhnaich | 6 | <p>Is e an dòigh as èifeachdaiche air dà chaochlair dàimheach a choimeasadh ann an dòigh lèirsinnseach.</p> |
|-------------------------------------|--|---|--------------|---------|---|---------|---|-----------|----|-----------|---|----------|---|-------------|----|-------------|---|---|
| Day | Aireamh eòin | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Dìluain | 5 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Dimàirt | 6 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Diciadain | 14 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Diardaoin | 4 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Dihaoine | 1 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Disathairne | 11 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Didòmhnaich | 6 | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| <p>Pàtran àireamhan</p> | | <p>Seata àireamhan aig a bheil riaghailt shònraichte a tha a' déanamh a' phàtrain ro-innseil:</p> <ul style="list-style-type: none"> - còrr agus cothromach, clàran uireadan, is eile. - Àireamhan ceàrnagach agus àireamhan triantanach. - Òrdugh Fibonacci | | | | | | | | | | | | | | | | |
| <p>Pàtran</p> | | <p>Òrdugh ath-aithriseil de thachartasan, cumaidhean no àireamhan a dh'fhaodar a chumail a' dol.</p> | | | | | | | | | | | | | | | | |

Pàtranan agus dàimhean

| | | |
|--|---|---|
| Òrdugh | | <p>Seata àireamhan sgrìobhte ann an òrdugh a rèir riaghailt matamataigeach. Mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • 4, 6, 8, 10, 12... (meudachadh ann an iomadan co-ionann de 2) • 25, 23, 20, 18, 15, 13... (toirt-air-falbh 2 agus an uair sin toirt-air-falbh 3...) • 1, 2, 4, 8, 16, 32... (meudachadh le dùblachadh) • 109, 129, 124, 144, 139, 159... (cur-ris 20, toirt-air-falbh 5) |
| Freumh Ceàrnagach / Àireamhan Ceàrnagach | <p>Seo an samhla a tha a' ciallachadh 'freumh ceàrnagach'</p> $\sqrt{64} = 8$ | <p>Is e freumh ceàrnagach àireamh sam bith, luach nuair a thèid iomadachadh leis fhèin, a tha a' toirt dhut an àireamh me $4 \times 4 = 16$, mar sin 's e 4 freumh ceàrnagach 16.</p> <p>Is e $\sqrt{}$ an samhla a tha an-còmhnaidh a' ciallachadh freumh ceàrnagach dearbhte me $\sqrt{36} = 6$ (oir tha $6 \times 6 = 36$)</p> |
| Àireamhan triantanach | <p>1 dotagan 3 dotagan 6 dotagan 10 dotagan 15 dotagan</p> | <p>Air a ghineadh bho phàtran de dhotagan ann an cruth triantain. Le bhith cur sreach eile de dhotagan ris agus a' cunntadh nan dotagan uile, lorgaidh sinn an ath àireamh san òrdugh.</p> |